



## Eòlasan agus Builean

Is urrainn dhomh obair a chruthachadh is a thaisbeanadh a' sealltainn mar a tha mo sgil a' fàs a thaobh a bhith a' cleachdadh nan eileamaidean agus nam bun-bheachdan lèirsinneach.

EXA 2-03a

Tro amharc agus clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealaim, is urrainn dhomh ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh a tha a' sealltainn gu bheil mi a' mothachadh do rudan gu mionaideach.

EXA 2-04a



## Ceangalan eadar-chuspaireil

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a



## Co-theacsa, Goireasan agus Gníomhan

Innis don chloinn gu bheil iad a' dol a chruthachadh dealbh a sheallas cò ris a bhiodh an adhar coltach nuair a thug bomairean Gearmailteach ionnsaigh air bailtean aig àm a' Bhliots agus gum bi iad ag ionnsachadh mar a ni iad seo le bhith ag ullachadh background agus foreground airson an dealbh aca fhèin.

Cleachd cruinneachadh de dhealbhan a tha a sealltainn a' mhillidh agus na h-ionnsaighean a thug bomairean Gearmailteach air Bruach Chluaidh agus pàirtean eile den rìoghachd me. Liverpool, Lunnainn agus Coventry.

Thoir aire na cloinne chun na dòigh anns a robh an luchd-ealain a' cur dhealbhan ri chèile le bhith a' sealltainn ri aghaidh agus cùl-raon nan dealbhan.

### A' cruthachadh cùl-raon

Thoir air na sgoilearan smaoineachadh air an dòigh anns an robh luchd-ealain a' co-measgachadh dhathan.

Seall ri dealbhan a' Bhlitiz agus dèan beagan còmhraidh mu na roghainnean a rinn an luchd-ealain, an stoidhle aca agus mar a chleachd iad dath. Dè cho èifeachdach 's a bha na dealbhan aca ri linn seo?

Leig le na sgoilearan diofar dhathan 'teatha' a mheasgachadh. Brosnaich iad gus dathan soilleir agus dathan dorcha a mheasgachadh.



## A' cruthachadh aghaidh

Inns don chloinn gu bheil silhouette gu bhith aca ann an aghaidh an deilbh.

Seall ri eisimpleirean de silhouette am measg nan dealbhan.

Seall ri na diofar dhòighean anns an robh an luchd-ealain a' dèanamh seo (a' gearradh a-mach agus a' steigeil pàipear dubh, a' cleachdadh phastailean, creidheanan agus peant airson an dealbh a dhèanamh).

Seall ri na dealbhan a tha a' sealltainn silhouette thogalaichean sònraichte, me Cathair-eaglais Naomh Phòil, docaichean Liverpool.

Meòraich air na togalaichean a dh'fhaodadh na sgoilearan a chur dha na dealbhan aca fhèin.

Dh'fhaodadh na sgoilearan aghaidh a chruthachadh le cumaidhean a dhèanamh à pàipear dubh agus an gearradh a-mach agus an steigeil air an dealbh, no dealbh a pheantadh le peant dubh air a' chùl-raon.

## Measadh

### CRUTHAICH

'S urrainn dhomh dathan a mheasgachadh agus sgàil-riochd a chleachdadh gus dealbh a dhèanamh a sheallas cò ris a bha an t-adhar coltach aig àm a' Bhlitz.

### DÈAN

'S urrainn dhomh stiùir fhaighinn bho obair dhaoine eile gus dealbh a chruthachadh.

### CAN

### SGRÌOBH

'S urrainn dhomh bruidhinn mu dheidhinn agus mo bheachdan mu chlaon-bhreith, leth-bhreith agus geur-leanmhainn a chur ann an sgrìobhadh.



## HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis



A' cur gu feum



A' cruthachadh



A' luachadh



A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



## Na Ceithir Comasan

### Soirbheachail:

Is urrainn dhomh ìomhaigh a chruthachadh a sheallas tachartas o àm sonraichte le bhith a' coimhead ri obair luchd-ealain agus a' cleachdadh mo mhac-mheanma.

### Misneachail:

Is urrainn dhomh bruidhinn mun dòigh anns an do chuir mi an dealbh agam ri chèile le bhith a' measgachadh dhathan agus a' cleachdadh silhouette.

### Cunntasach:

### Èifeachdach:

Is urrainn dhomh ìomhaigh a chruthachadh agus a thaisbeanadh.



## Sgilean:

A' cruthachadh

A' mìneachadh

A' dearbhadh